

Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Plana Gàidhlig 2019-2024

Air ullachadh fo earrann 5(1)(a) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

CLÀR-INNSE

Facal-toisich

1. Ro-ràdh
 - 1.1 Mu Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus an luchd-cleachdaidh againn
 - 1.2 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
 - 1.3 Co-chomhairleachadh
 - 1.4 Cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba
 - 1.5 Riatanasan airson a' Phlana Ghàidhlig
 - 1.6 Cleachdadh na Gàidhlig ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

2. Coileanaidhean is cnuasachadh
 - 2.1 Na tha sinn air coileanadh gu ruige seo
 - 2.2 Aithisg sgrùdaidh 2014-16
 - 2.3 A' sgrìobhadh an dàrna tionndadh den phlana againn

3. Gealltanasan àrd-ìre
 - 3.1 Gealltanasan Àrd-ìre an Leabharlainn
 - 3.2 Ìrean solarachaidh

4. Gnìomhan
 - 4.1 Gnìomhan Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

5. Buileachadh agus Sgrùdadh
 - 5.1 Clàr-ama
 - 5.2 Sanasachd airson a' Phlana
 - 5.3 Buileachadh
 - 5.4 Sgrùdadh Cur an Gnìomh a' Phlana
 - 5.5 Fios conaltraidh airson Plana Gàidhlig an Leabharlainn

6. Eàrr-ràdhan
 - A Foghlam tron Gàidhlig 2015-16
 - B Luchd-labhairt Gàidhlig 2011
 - C Fios mu shluagh is foghlam Gàidhlig

Facal-toisich

Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba toilichte an tionndadh ùr den Phlana Ghàidhlig reachdail aige fhoillseachadh. 'S e obair an leabharlainn a th' ann a bhith a' glèidheadh cuimhne na nàisein tro chruinneachaidhean bho thairis air na linntean, bho na h-amannan as tràithe dhan linn didseatach. Tha a' Ghàidhlig na prìomh eileamaid ann an cultar na h-Alba agus tha an Leabharlann moiteil gur e an cruinneachadh as motha san t-saoghal, nar beachd, a th' anns a' chruinneachadh againn de nithean ann an Gàidhlig na h-Alba. Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur ris na nithean seo (an dà chuid le susbaint ùr is eachdraidheil) agus nì sinn cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine air a tha airson a chleachdadh, a tha airson ionnsachadh bhuaithe agus a tha airson brosnachadh fhaighinn às. Tha an gealltanais seo aig cridhe a' Phlana Ghàidhlig againn agus tha sinn den bheachd gun cuir e ri beòthalachd na Gàidhlig ann an dòigh air leth nach urrainn ach dhan Leabharlann a dhèanamh.

Tha sinn cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha Gàidhlig anns na poileasaidhean poblach nas fharsaingeach aig Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, a tha air an riochdachadh ann am *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023* agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tron tionndadh seo den Phlana, tha sinn den bheachd gun cuir sinn gu mòr ri seasmhachd na Gàidhlig ann an dòigh a tha buntainneach agus susbainteach agus gun cuir sinn ris an spèis a thèid a thoirt dhi, a' togail air an eachdraidh fhada againn de bhith a' togail, a' glèidheadh agus a' brosnachadh nan cruinneachaidhean Gàidhlig againn. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruinneachadh leabhraichean, irisean agus stuthan eile, a' dèanamh cheanglaichean ri foillsichearan na Gàidhlig, agus a' cumail farsaingeachd de thachartasan foghlaim is tachartasan poblach. Rè ùine a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, chuir sinn tòrr stòrasan an sàs gus na ceudan de mhiltean de leabhraichean Gàidhlig tearca a chur ann an cruth didseatach, iomairt le buaidh air feadh na cruinne.

Rinn sinn co-chomhairle air a' Phlana seo eadar am Faoilleach 2018 agus am Màrt 2018 agus thug sinn feart air na freagairtean a fhuair sinn agus sinn a' deasachadh a' Phlana seo airson a dhol gu Bòrd na Gàidhlig gu foirmeil. Fhuair sinn beachdan agus molaidhean bho Bhòrd na Gàidhlig agus chaidh feart a thoirt air an ais-eòlas seo anns a' Phlana ùraichte.

An Dr John Scally
Leabharlannaiche Nàiseanta agus Àrd-oifigear
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

1. RO-RÀDH

1.1 Mu Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus an luchd-cleachdaidh againn

Chaidh Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a stèidheachadh le Achd Leabharlann Nàiseanta na h-Alba 1925. Ann an 2012, chaidh Achd Leabharlann Nàiseanta na h-Alba ùr aontachadh, ag ath-nuadhachadh riaghladh an Leabharlainn. Tha an Leabharlann a-nis air a stiùireadh le Bòrd air am bi suas ri 14 buill.


Chaidh Leabharlannaiche Nàiseanta agus Àrd-oifigear ùr fhasadh ann an 2014 agus chaidh ro-innleachd ùr, *An t-Slighe air Adhart: Ro-innleachd an Leabharlainn 2015-20* a chur air bhog ann an 2015. Tha an ro-innleachd seo aig cridhe a h-uile rud an nì an Leabharlann.

Bidh an Leabharlann a' cruinneachadh mu 150,000 rud ùr ann an clò gach bliadhna cho math ri tòrr stuthan didseatach, film agus làmh-sgrìobhainnean. 'S ann tro Thasgadh Laghail as motha a nì sinn seo - 's e an Leabharlann Nàiseanta an t-aon leabharlann ann an Alba as urrainn lethbhreac fhaighinn de gach foillseachadh às an RA agus à Èirinn san dòigh seo. Chaidh seo a leudachadh ann an 2013 gus am biodh e a' gabhail a-steach stuth a chaidh fhoillseachadh gu didseatach agus air-loidhne. Bidh sinn cuideachd a' toirt fhoillseachaidhean lagha do Dhàmh nan Adhna.

Faodaidh luchd-cleachdaidh an Leabharlainn a bhith ann an àite sam bith san t-saoghal, ged is e prìomh luchd-cleachdaidh a th' ann an cleachdaichean ann an Alba. Tha an Leabharlann air adhartas mòr a dhèanamh gus a bhith nar buidheann a tha nas fhosgailte agus aig a bheil sealladh nas fharsainge air cùisean. A bharrachd air fìor dheagh ghoireasan a thoirt do luchd-rannsachaidh den a h-uile seòrsa, bidh sinn cuideachd a' toirt seachad seirbheisean do sgoiltean, luchd-turais agus am poball, mar eisimpleir, tro sheirbheisean didseatach agus tron Ionad Luchd-tadhail anns a' phrìomh thogalach againn air Drochaid Seòras IV ann an Dùn Èideann. Dh'fhosgail sinn ionad poblach ùr ann an Talla a' Cheilbhinn ann an Glaschu san t-Sultain 2016, a tha a' toirt cothrom do dhaoine air na cruinneachaidhean didseatach agus do Thasglann nan Dealbhan Gluasadach.

Tha mu chairteal de luchd-cleachdaidh nan seirbheisean air-loidhne aig an Leabharlann à thall thairis. Bidh luchd-rannsachaidh aig a bheil ùidh ann an clàran nàiseanta na h-Alba a' tadhal air an làraich-lìn à air feadh an t-saoghail (faic an diagram air an ath dhuilleag). Tha na figearan seo a' sealltainn gu bheil dùthchannan le coimhearsnachdan làidir de dhaoine a bhuineas do shliochd na h-Alba nan luchd-cleachdaidh cudromach aig an Leabharlann, a' gabhail a-steach: Astràilia, Sealan Nuadh, Canada agus gu sònraichte na Stàitean Aonaichte.

Origin of web traffic to www.nls.uk



1.2 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Is e fear de na prìomh fheartan anns an Achd gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh, agus gus cuideachadh gus leantainneachd na Gàidhlig agus a cultar a ghlèidheadh.

Dheasaich Leabharlann Nàiseanta na h-Alba dreachd den chiad Phlana Ghàidhlig aige san Ògmhios 2011. Chaidh aontachadh leis a' Bhòrd san Ògmhios 2012. Chaidh aithisgean sgrùdaidh a chur dhan Bhòrd gu cunbhalach fad àm a' Phlana. Thàinig a' chiad Phlana aig an Leabharlann gu crìch anns an Dùbhlachd 2017, le aithisg Sgrùdaidh air fhoillseachadh san Ògmhios 2016.

1.3 Co-chomhairleachadh

Fon Achd, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig a thoirt gu aire nam buidhnean/daoine uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chaidh co-chomhairle a chumail air an dreachd Plana Gàidhlig eadar am Faoilleach agus am Màrt 2018.

1.4 Cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba

Mar buidheann phoblach nàiseanta, tha a h-uile neach-labhairt is coimhearsnachd Gàidhlig ann an Alba anns an sgìre-ùghdarras againn.

Ann an cunntas-sluaigh 2011, chaidh clàradh gun robh 'sgil Gàidhlig sam bith' aig 87,056 daoine uile gu lèir (1.7% de shluagh na h-Alba).

A-mach às na daoine sin, 's e 57,602 an àireamh iomlan de dhaoine aig a bheil comas Gàidhlig a labhairt; tha comas labhairt aig 38,036 agus tha 32,418 litearra sa Ghàidhlig. Tha lùghdachadh air tighinn anns na h-àireamhan aig a' chiad dà bhuidhinn seo bho 2001 ach tha an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a tha litearra sa chànan air fàs

Tha an àireamh de dhaoine òga aig a bheil sgilean Gàidhlig air a dhol am meud cuideachd.

Bidh 24,979 no 0.5% de shluagh na h-Alba a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

1.5 Riatanasan airson a' Phlana Ghàidhlig

Nuair a bha sinn a' deasachadh a' Phlana Ghàidhlig againn, thug sinn feart air:

- Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus na ceithir raointean prìomhachais ann: togail cànan, cleachdadh cànan; inbhe cànan, agus corpas cànan.
- An comas a th' againn taobh a-staigh na buidhne airson a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.
- Beachdan bhon phoball anns an obair cho-chomhairleachaidh againn a mhair sia seachdainean eadar am Faoilleach agus am Màrt 2018.
- Beachdan bho Riaghaltas na h-Alba agus/no bho Bhòrd na Gàidhlig.

A bharrachd air seo, bheachdaich sinn air na rudan a leanas:

- Gealltanasan Àrd-ìre an Leabharlainn, a chaidh aontachadh le Sgioba Ceannais an Leabharlainn.
- Am prionnsabal aig Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh leis an amas as bhith a' dèanamh cleachdadh na Gàidhlig comasach dhan ìre as motha a tha iomchaidh anns an t-suidheachadh aca fhèin.
- Na prìomhachasan ro-innleachdail làthaireach againn, a tha air an cur an cèill anns an sgrìobhainn *An t-Slighe air Adhart: Ro-innleachd an Leabharlainn 2015-2020*.
- Fiosrachadh deamografach mu luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.
- An cuideam a tha Bòrd na Gàidhlig a' cur air sùbailteachd agus co-rèireachas.

1.6 Cleachdadh na Gàidhlig ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Nuair a bha sinn a' deasachadh a' chiad Phlana againn, rinn sinn suirbhidh den luchd-obrach againn ann an 2011 gus faighinn a-mach dè an ìre de chomas sa Ghàidhlig a bh' aca agus gus fiosrachadh faighinn mun fhèill a th' air seirbheisean

Gàidhlig san Leabharlann aig an àm sin. Fhuair sinn freagairtean bho 169 den 320 luchd-obrach againn (ìre coileanaidh de 53%).

A rèir an t-suirbhidh:

- A rèir na tha sinn air faicinn den iarrtas bho luchd-cleachdaidh airson seirbheisean Gàidhlig, tha a' mhòr-chuid den iarrtas air a bhith airson nithean sa Ghàidhlig, no a tha co-cheangailte ri Gàidhlig, anns na cruinneachaidhean agus ann an eadar-mhìneachadh nan cruinneachaidhean.
- A-mach às na 169 luchd-freagairt, nochd 11% (18 luchd-obrach) gun robh comas air choireigin aca Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh. Chuir 14 daoine rudeigin a bharrachd ann a' mìneachadh crìochan nan comasan aca.
- Cha robh comas aig 151 den luchd-freagairt (89%) Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh idir.
- Bha aonan den luchd-freagairt fileanta sa Ghàidhlig agus bha Gàidhlig mar riatanas airson a h-uile **pàirt de dh'obair-làitheil** an neach seo - a' catalogadh, a' freagairt cheistean, a' cuideachadh co-obraichean aig nach eil Gàidhlig, agus a bhith a' dèanamh agallamhan mu obair an Leabharlainn agus na cruinneachaidhean aige. Am measg nan obraichean eile far a bheil feum air comas air choireigin sa Ghàidhlig, tha manaidsear Liosta-leabhraichean Gàidhlig na h-Alba, luchd-glèidhidh ann an Cruinneachaidhean Albannach an Latha an-diugh, Solar Leabhraichean, agus Tasglann nan Dealbhan Gluasadach.
- Thuirt naoinear gum bu toil leotha cothrom a bhith aca air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig de sheòrsa air choireigin san àite obrach.

Bha mu dhà thrìan de na daoine a thuirt gun robh eòlas air choireigin aca air a' Ghàidhlig ag obair ann an Roinn nan Cruinneachaidhean is an Rannsachaidh (tha mun treas cuid den luchd-obrach againn san roinn seo). Bha àireamh nas lugha de luchd-obrach le ìre de Ghàidhlig ann an Roinn na Ruigsinneachd againn.

Bha toraidhean an t-suirbhidh againn co-chòrdail ris an dòigh-obrach againn a thaobh planadh cànan, a tha a' cur cuideam gu sònraichte air na prìomh fhoincseanan againn: a bhith a' faighinn, a' brosnachadh agus ag eadar-mhìneachadh stuthan Gàidhlig. Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cumail sùil air dàta mar seo san àm ri teachd.

Bho chaidh an suirbhidh a dhèanamh, tha sinn air seiseanan Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig a ruith gu cunbhalach:

- Chaidh 41 den luchd-obrach gu Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig tro phròiseact co-obrachail le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an 2013-14.
- Chaidh 12 luchd-obrach gu 2 sheisean ann an 2016; chaidh 6 luchd-obrach bho na Gailearaidhean Nàiseanta agus bho na Taighean-tasgaidh Nàiseanta ann cuideachd.
- Chaidh 12 den luchd-obrach gu seisean ann an 2017

- Chaidh 7 den luchd-obrach gu seisean san Fhaoilleach 2018

Uile gu lèir, tha 72 daoine bhon Leabharlann air Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig a dhèanamh.

A bharrachd air seo:

- Chaidh ceathrar luchd-obrach gu seisean le Uicipeidiche na Gàidhlig mar phàirt de Sheachdain Ionnsachadh aig an Obair aig an Leabharlann.
- Tha ceathrar luchd-obrach (a bharrachd air an fheadhainn gu h-àrd) a' gabhail pàirt ann an clasaichean Gàidhlig a tha gan cumail leis an Leabharlann.
- Chaidh deichnear luchd-obrach gu taisbeanadh sònraichte de làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig a chaidh a chur a-steach tron Choimhearsnachd Ùidhe taobh a-staigh an Leabharlainn.
- Aig an àm seo, tha 12 ball anns a' Choimhearsnachd Ùidhe Ghàidhlig aig an Leabharlann, a chaidh a stèidheachadh anns a' Chèitean 2016. Seo iomairt aig Roinn nan Cruinneachaidhean is an Rannsachaidh agus tha e a' gabhail a-steach luchd-obrach bho roinnean eile anns an Leabharlann aig a bheil ceangal ri cùisean na Gàidhlig, mar eisimpleir Coimhearsnachd is Ruigsinneachd. Anns an suidheachadh far nach eil neach-glèidhidh sònraichte ann dhan Ghàidhlig, tha a' bhuidheann seo a' toirt eòlas air a' Ghàidhlig agus air na cruinneachaidhean còmhla bho air feadh an Leabharlainn agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig fhathast na prìomh fòcas airson gnìomhachd an dà chuid a thaobh leasachadh nan cruinneachaidhean agus tachartasan airson a' phobaill.

2. COILEANAIDHEAN IS CNUASACHADH

2.1 Na tha sinn air coileanadh gu ruige seo

Air a stiùireadh leis a' Phlana Ghàidhlig againn airson 2012-2017, tha sinn air leasachaidhean nach beag a dhèanamh. Tha cuid de na rudan a tha sinn air coileanadh air an liostadh gu h-ìosal, a' cleachdadh nan ceithir prìomh raointean seirbheis a chaidh a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig.

2.1.1 Dearbh-aithne

- Chaidh suaicheantas dà-chànanach a dhealbhadh agus bithear ga chleachdadh fad is farsaing. Tha e air a chleachdadh air na stuthan branndaichte uile (cinn-litreach, eàrr-sgrìobhaidhean puist-d, fìosan naidheachd agus sgrìobhainnean ro-innleachdail).
- Thathar air Gàidhlig a chleachdadh ann an eadar-mhìneachadh, foillseachaidhean agus soidhnichean, ann an goireasan do luchd-tadhail agus air-loidhne.

2.1.2 Conaltradh

- Gus bho chionn goirid, bha a' phrìomh eadar-aghaidh againn airson catalog an Leabharlainn dà-chànanach le roghainn ann a bhith a' dèanamh lorg anns a' Ghàidhlig. Cruthaichidh agus libhrigidh sinn eadar-aghaidh Gàidhlig airson Library Search, an t-seirbheis luirg amalaichte ùr againn, agus tha sinn ag amas air seo a dhèanamh ron t-samhradh 2020.
- Tha iomradh air a' Phlana Ghàidhlig anns na sgrìobhainnean stannardach againn airson solarachadh stuthan is seirbheisean.
- Chaidh Neach-taic Didseatach Gàidhlig fhastadh bho 18 Iuchar 2016 gu 17 Iuchar 2017 gus làraich-lìn agus meadhanan sòisealta a chomharrachadh agus a chruinneachadh.
- Chaidh Uicipeidiche fhastadh airson a bhith ag obair leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig air feadh na h-Alba gus goireasan a chruthachadh is a leasachadh air Uicipeid, Wikipedia Gàidhlig na h-Alba.

2.1.3 Foillseachaidhean (a' gabhail a-steach PR, na meadhanan, stuthan clò-bhuailte, làraichean-lìn, agus taisbeanaidhean)

- Chaidh dà ghoireas foghlaim a chruthachadh co-cheangailte ri eachdraidh is dualchas na Gàidhlig.
- Chaidh stuthan dà-chànanach air-loidhne a chruthachadh airson an dà chuid sgoiltean is inbhich a tha ri foghlam fad-bheatha.
- Chaidh taisbeanadh PowerPoint mu na h-ulaidhean Gàidhlig sa Chruinneachadh a chruthachadh airson cleachdadh aig tachartasan.
- Am measg nan tachartasan anns an do ghabh sinn pàirt, bha am Mòd Nàiseanta Rìoghail ann an 2015, 2016 agus 2017, agus Seachdain na Gàidhlig ann an Dùn Èideann ann an 2017.
- Chaidh grunn fhiosan naidheachd mu na cruinneachaidhean Gàidhlig againn fhoillseachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

2.1.4 Luchd-obrach (trèanadh, ionnsachadh cànan, fastadh, sanasachd)

- Chaidh seiseanan Mothachaidh Gàidhlig a libhrigeadh agus bidh cothrom aig luchd-obrach orra gu cunbhalach.
- Tha 4 luchd-obrach aig an Leabharlann a' dol gu prògram sgilean còmhraidh Gàidhlig ùr còmhla ri ar com-pàirtichean ann an Talla a' Cheilbhinn.
- Chaidh sanasachd a dhèanamh sa Ghàidhlig airson nan dreuchdan mar Neach-taic Didseatach Gàidhlig agus Uicipèidiche na Gàidhlig agus bha deuchainnean ann an Gàidhlig sgrìobhte agus labhairteach ann mar phàirt den phròiseas fastaidh.

2.2 Aithisg sgrùdaidh 2014-16

A thaobh coileanadh an Leabharlainn san fharsaingeachd, thuirt Bòrd na Gàidhlig:

'A' dèanamh deagh adhartas le bhith a' brosnachadh na Gàidhlig gu nàiseanta, a' gabhail a-steach obair coimhearsnachd, obair tasglainn is obair-glèidhidh cho math ri bhith a' cruthachadh ghòireasan ionnsachaidh ùra.'

(earrann à freagairt Bhòrd na Gàidhlig dhan Aithris Sgrùdaidh againn airson 2014-16, earrann 2).

Thug am Bòrd fa-near gun robh sinn a' cleachdadh 'deagh chleachdadh a tha air buaidh a thoirt gu nàiseanta' ann an grunn raointean, a' gabhail a-steach:

- Conaltradh is co-obrachadh le coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba.
- Ag adhartachadh ìre rannsachaidh na Gàidhlig ann an dòigh èifeachdach.

2.3 A' sgrìobhadh an dàrna tionndadh den phlana againn

Mar a chithear gu h-àrd, chaidh tòrr adhartais a dhèanamh rè beatha a' chiad Plana Gàidhlig aig an Leabharlann. Chaidh a' mhòr-chuid de na gealltanasan anns a' chiad tionndadh de Phlana Gàidhlig an Leabharlainn a choileanadh. Tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na beagan ghealltanasan nach deach a choileanadh gu h-iomlan agus chaidh iad seo a thoirt a-steach dhan tionndadh seo den phlana, no chaidh an atharrachadh gus am biodh iad a' freagairt air suidheachaidhean a dh'atharraich bho thoisich a' chiad Phlana againn.

Cha deach aon ghealltanas, a bhith a' fastadh neach-glèidhidh Gàidhlig, a thoirt air adhart dhan tionndadh seo den phlana oir chan eil ann an seo ach miann anns an àrainneachd ionmhasail a th' ann aig an àm seo. Ach, tha am bun-ghealltanas againn a' leantainn anns an dàrna tionndadh den Phlana fo raon-ùghdarras buidhne Coimhearsnachd Ùidhe na Gàidhlig. 'S e sin a bhith a' cruthachadh farsaingeachd de chothroman airson a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig, agus a bhith ga cleachdadh ann an dòigh phractaigeach airson ar luchd-cleachdaidh agus airson ar luchd-obrach a bhios co-rèireach agus a ghabhas a choileanadh.

2.3.1 Ìre Co-chomhairleachaidh

Chaidh a' cho-chomhairle a chumail eadar am Faoilleach agus a' Mhàirt 2018 leis an amas a bhith a' faighinn fhreagairtean an dà chuid bhon phoball agus bho luchd-obrach is buill Bùird an Leabharlainn.

2.3.2 Freagairtean

Fhuair seachd freagairtean sa cho-chomhairle, le sia a' tighinn bho dhaoine fa leth agus aon a' tighinn bho bhuidhinn.

Bha na beachdan aca gu math feumail agus chaidh a chur an cèill ann an grunn fhreagairtean gun robh an Leabharlann air deagh obair a dhèanamh thar nam bliadhnaichean gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh. Cha deach na h-aon chùisean a thogail gu cunbhalach sna diofar fhreagairtean, ach chaidh grunn mholaidhean a dhèanamh, air an do bheachdaich an Leabharlann airson an dàrna Plana Gàidhlig aige.

3 GEALLTANASAN ÀRD-ÌRE

3.1 Gealltanasan Àrd-ìre an Leabharlainn

Dh'aontaich an Leabharlann na Gealltanasan Àrd-ìre aige airson an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig aige air 28 Màrt 2017.

Tha na h-Amasan againn air an liostadh gu h-ìosal:

Amasan Àrd-ìre - Leabharlann Nàiseanta na h-Alba	
Tron phlana air fad	Tha Plana Gàidhlig an Leabharlainn air a chur an gnìomh tro na h-amasan a tha air an cur an cèill anns an sgrìobhainn <i>An t-Slighe air Adhart. Ro-innleachd an Leabharlainn 2015-2020</i> agus anns na planaichean bliadhna aige. Tha na h-Amasan Àrd-ìre a tha air an liostadh gu h-ìosal a' toirt iomradh air na h-earrannan iomchaidh den Ro-innleachd. Nochdaidh na h-iomairtean sònraichte a tha air an liostadh gu h-ìosal anns na planaichean bliadhna againn.
Seirbheisean Poblach	Nì an leabharlann seo: <ul style="list-style-type: none">• cruinnichidh agus glèidhidh e na cruinneachaidhean Gàidhlig aige agus bheir e cothrom farsaing orra (Prìomhachas Ro-innleachdail 1.1)• bidh e a' brosnachadh nan Cruinneachaidhean Gàidhlig aige (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.1).• cuiridh e eadar-theangachaidhean Gàidhlig air tionndaidhean iomchaidh den t-suaicheantas chorpóra aige (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.1)

Foghlam	<p>Nì an leabharlann seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • bheir e seachad stuthan foghlaim Gàidhlig gus taic a chumail ri builean aig a’ Churraicealam airson Ionnsachadh Fad-bheatha (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.3) • brosnachaidh e na goireasan foghlaim Gàidhlig aig an Leabharlann do sgoiltean air feadh na h-Alba, a’ toirt prìomhachas do sgoiltean tha a’ libhrigeadh FtG agus Gàidhlig mar chànan 1+2 (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.3) <ul style="list-style-type: none"> ○ Dèan sgrùdadh-comais air a bhith a’ toirt seachad goireasan foghlaim Gàidhlig do sgoiltean ann an Glaschu, tron làrach aig Talla a’ Cheilbhinn, mar phàirt den phrògram air thoiseach air a’ Mhòd ann an 2019. • bheir e seachad goireasan airson luchd-teagaisg a tha a’ libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh gus na goireasan Gàidhlig againn a bhrosnachadh (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.3)
Coimhearsnachd	<p>Nì an leabharlann seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • deasachaidh e agus libhrigidh e tachartasan com-pàirteachaidh a bheir foghlam, dibhearsan agus brosnachadh do choimhearsnachdan na h-Alba (Prìomhachas Ro-innleachdail 5), a’ gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> ○ òigridh (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.4) ○ coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig aig 20% no barrachd den t-sluagh (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.3) ○ coimhearsnachdan far a bheil sgoiltean is aonadan FtG suidhichte (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.3) ○ Bidh seo a’ gabhail a-steach phrògram aig Mhòd 2019 mar phàirt de Bhliadhna nan Cànanan Dùthchasach, anns am bi an Leabharlann a gabhail pàirt, mar eisimpleir bùithtean-obrach ‘seall is taisbean’ - airson a h-uile seòrsa luchd-eisteachd, a’ gabhail a-steach teaghlaicean, tursan de dh’Ionad Talla a’ Cheilbhinn, sgrinidhean film agus òraidean. • cleachdadh e a’ Ghàidhlig, far a bheil sin iomchaidh, anns an obair aige le sgoiltean, coimhearsnachdan agus seirbheisean (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.1)
Àite-obrach	<p>Nì an leabharlann seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • cumaidh e taic ri leasachadh luchd-obrach agus cuiridh e ri comas an luchd-obrach, le bhith a’ toirt seachad trèanadh mothachaidh Gàidhlig (Comasaiche: Daoine) • bheir e am Plana Gàidhlig a-steach do na foillseachaidhean aige (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.1)

Ealain, Cultar is Dualchas	<p>Nì an leabharlann seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • brosnachadh e tuigse air a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha chultarach bheartach na h-Alba (Prìomhachas Ro-innleachdail 1). • siridh e dòighean ùra agus tionnsgalach gus daoine a thoirt a-staigh dhan Ghàidhlig agus a cultar ann an dòighean a tha buntainneach do na cruinneachaidhean againn (Prìomhachas Ro-innleachdail 5.3. 6.1) • leanaidh e air a bhith a' glèidheadh agus a' toirt cothrom air filmichean, craolaidhean agus cruinneachaidhean clais-lèirsinneach (Prìomhachas Ro-innleachdail 1.1) • Lean oirnn le obair leasachaidh dhidseatach còmhla ri MG Alba
Eaconamaidh	<p>Nì an leabharlann seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • cumaidh e taic ri eaconamaidh eòlais na Gàidhlig tro bhith a' toirt cothrom air na cruinneachaidhean aige (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.4) • cumaidh e taic ri luchd-ionnsachaidh de gach aois, le bhith a' toirt cothrom air na cruinneachaidhean Gàidhlig aige airson cleachdadh is rannsachadh (Prìomhachas Ro-innleachdail 4.3) • cruthachaidh e cothroman air greis-gnìomhachais agus obair shaor-thoiseach do thagraichean aig a bheil sgilean Gàidhlig (Comasaiche: Daoine)

3.2 Ìrean Solarachaidh

Tha rùn againn taic a chumail, ri adhartachadh agus cleachdadh practaigeach na Gàidhlig far a bheil seo co-rèireach agus iomchaidh dhan raon-ùghdarras agus dleastanas againn. Mar sin, bidh sinn ag amas air ìre leasaichte de sholarachadh a thoirt seachad ann an raointean far an urrainn dhuinn a' bhuidh as motha a thoirt taobh a-staigh nan cuingealachaidhean againn a thaobh stòrasan agus seirbheisean. Tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gun tèid leasachadh a bharrachd a dhèanamh air an dàrna tionndadh seo den Phlana Ghàidhlig againn rè beatha a' Phlana.

4 GNÌOMHAN 2018 -2023

4.1 Gnìomhan Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

Cuiridh na gnìomhan is na h-amasan againn ri seasmhachd na Gàidhlig agus tha sinn gu mòr airson pàirt a chluich ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha sinn a' sealltainn nam molaidhean againn ri taobh raointean dleastanais gus am bi e furasta na h-amasan a chur an gnìomh. Tha an dòigh-obrach seo a' toirt cothrom do na manaidsearan a bhith a' planadh uallach-obrach an cuid sgiobaidhean ann an dòigh nas èifeachdaiche is tàbhachdaiche.

Tha sinn gu sònraichte toilichte a bhith a' sealltainn ar dealais a thaobh obair com-pàirteachadh leis a' Phoball tro bhith a' cruthachadh Buidheann Obrach airson Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach. Tha seo na fho-bhuidheann aig Coimhearsnachd Ùidhe na Gàidhlig, a bhios gar cuideachadh gus prògram a phlanadh airson Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach aig UNESCO ann an 2019. Tha ballrachd a' tighinn bho gach roinn iomchaidh anns an Leabharlann. Nì a' bhuidhinn seo co-chomhairle le co-obraichean ann an Alba Chruthachail gus tachartasan a dhealbhadh airson na h-iomairt seo. Bidh an Leabharlann a' beachdachadh air barrachd obair com-pàirteachaidh den t-seòrsa seo a dhèanamh leis a' phoball nuair a dh'èireas cothroman eile den aon seòrsa.

Àir ea mh.	Raon HLA	Gnìomhachd	Clàr-ama	Raon dleastanais	Beachdan
1	Cruinneachaidhean	Cùm oirnn a bhith a' cruinneachadh stuthan ann an Gàidhlig na h-Alba gu ìre cho coileanta 's a ghabhas agus a bhith a' togail air na cruinneachaidhean eachdraidheil cudromach againn.	Leantainneach	Cruinneachaidhean	A bharrachd air a bhith a' sireadh nithean ùra gu gnìomhach airson tasgadh laghail, bidh Neach-glèidhidh nan Coimhearsnachdan Albannach a' sireadh thabhartasan agus a' ceannachd nithean gus beàrnan a lionadh ann an cruinneachaidhean Gàidhlig an 20 ^{mh} linn, agus a' comharrachadh làraichean-lìn agus meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig gus cur ris na cruinneachaidhean tasgadh-laghail-dealain againn. Leanaidh sinn oirnn le bhith a' tasgadh craolaidhean telebhisein Gàidhlig ann an Alba, agus a bhith a' sireadh nithean tasglainn agus clò co-cheangailte ri dualchas na Gàidhlig. Tha dàimh leantainneach aig an Leabharlann le DASG (Digital Archive of Scottish Gaelic) agus mar thoradh air seo, chaidh teacsaichean nan leabhraichean Gàidhlig againn a bha air an cur ann an cruth didseatach a chur ri corpas DASG agus fhuair an Leabharlann cothrom is feum air na tar-sgrìobhaidhean aca. Tha sinn cuideachadh a'

					coimhead air dòighean gus pàipearan naidheachd na h-Alba a chur ann an cruth didseatach agus mar phàirt de seo, bidh sinn mothachail gu bheil feum aig daoine air cothrom air na teacsaichean Gàidhlig.
2	Cruinneachaidhean	A' leasachadh com-pàirteachas le MG Alba – subsainteach didseatach	Bhon t-Sultain 2018	Cruinneachaidhean	Tha sin a' cur ris gealltanas an Leabharlann gum bi an treas cuid de na cruinneachaidhean ann an cruth didseatach rò 2025.
3	Cruinneachaidhean	Dèan cinnteach gu bheil riochdachadh làidir aig stuthan ann an Gàidhlig na h-Alba ann an Tasglann Clàraidhean Fuaim na h-Alba.	Leantainneach	Cruinneachaidhean	<p>Tha an Leabharlann ag amas air lionra de chòrr is 100 buidhnean a cho-òrdanachadh mar bhun-sheirbheis. Tha sinn air obair com-pàirteachaidh a dhèanamh le cruinneachaidhean Gàidhlig mòr agus/no cudromach a' gabhail a-steach Taigh-tasgaidh Gheàrrloch; Digital Archive of Scottish Gaelic, Oilthigh Ghlaschu; Tobar an Dualchais/Kist o Riches; Urras Nàiseanta na h-Alba, Cruinneachadh Chanaigh; Comunn Eachdraidh Nis; Am Baile; Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann; BBC Scotland; Comhairle nan Eilean Siar; Jura Lives.</p> <p>Tha neach-glèidhidh a' chiùil an sàs ann am buidheann-obrach aig ìre na RA air tasgadh-laghail-dealain a chur an gnìomh airson ceòl, a tha a' gabhail a-steach a bhith a' cruinneachadh ceòl Gàidhlig.</p> <p>Thathar air cuid den cheòl is de na h-òrain Ghàidhlig againn a chur ann an cruth didseatach agus bidh obair didseatachaidh a bharrachd ann mar phàirt den prògram aig an Hub Albannach den phròiseact Unlocking Our Sound Heritage a tha a' faighinn maoinachadh HLF.</p>
4	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Sanasachd leantainneach airson stuthan, cruinneachaidhean is iomairtean Gàidhlig tron obair eile againn.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Ag obair gu dlùth le co-obraichean na margaideachd air seanailean nam meadhanan sòisealta. Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach le fòcas air a bhith a' toirt seachad prògram air iomall a' Mhòid, agus thèid seo a chleachdadh airson a bhith ag obair thairis air an roinn, le Oilthigh Ghlaschu, Taighean-tasgaidh Ghlaschu agus le buidhnean, mar eisimpleir An Comunn Gàidhealach. Thathar a' planadh 'Gabhail thairis' Gàidhlig de sheanailean nam meadhanan

					sòisealta againn tron Bhladhna.
5	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Lean oirnn le bhith a' brosnachadh a' ghoireas mun Iolaire ann an co-obrachadh le Coimisean Uaighean Cogaidh A' Cho-fhlaitheis.	2018-2019	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Bidh seo a' gabhail a-seach bùithtean obrach ann an Leòdhas tràth ann an 2019.
6	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Cuir air dòigh agus broснаich tachartasan Gàidhlig sa choimhearsnachd.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Am measg nam prìomh nithean, tha: <ul style="list-style-type: none"> Fèis Fhìobha, Gleann Rathais, An t-Sultain 2018, a' comharrachadh cultar na Gàidhlig is na h-Alba (seisean Uicipeid, Gàidhlig is Beurla x 2 agus bòrd fiosrachaidh).
7	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Tog ceanglaichean le Bun-sgoil Taobh na Pàirce.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Taisbeantas agus turas sgoile le Bun-sgoil Taobh na Pàirce Bidh Ionnsachadh agus Coimhearsnachd cuideachd ag obair còmhla ri sgoiltean Ghlaschu agus mòr-sgìre Ghlaschu gus seiseanan a chur air dòigh a' cleachdadh ghoireasan Gàidhlig rè Bliadhna nan Cànanan Dùthchasach. Cruthachaidh Ionnsachadh agus Coimhearsnachd stuthan foghlaim ann an co-chomhairle leis na sgoiltean Gàidhlig.
8	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Leanaidh sinn oirnn le bhith a' brosnachadh nan cruinneachaidhean Gàidhlig againn agus a bhith a' comharrachadh chothroman airson gnìomhachd tro na dàimhean againn le Comhairle nan Leabhraichean, Tobar an Dualchais, Urras Leabhraichean nan Eilean, Birlinn, am Mòd agus Fèis Leabhraichean Ullapul.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Tha planaichean ann gus pàirt a ghabhail anns a' Mhòd ann an 2019. Am measg nam beachdan airson a' Mhòid, tha - bòrd taisbeanaidh, taisbeanaidhean le fuaim agus dealbhan-gluasadach air sgrìnichean aig a' phrìomh ionad, tachartasan aig iomall a' Mhòid, tachartasan do sgoiltean agus taisbeanadh de stuthan anns na cruinneachaidhean Gàidhlig. Thathar a' coimhead air tursan de na taisbeanaidhean ann an Talla a' Cheilbhinn, ann an com-pàirteachas le Taighean-tasgaidh Ghlaschu agus Oilthigh Ghlaschu cuideachd. Bithear an uair sin a' beachdachadh air an t-seòrsa seo de phrògram airson Mòdan eile san àm ri teachd. Thèid brosnachadh leantainneach de na cruinneachaidhean Gàidhlig a cho-òrdanachadh le Ionnsachadh is Coimhearsnachd, agus iad ag obair le buidheann Coimhearsnachd Ùidhe na Gàidhlig.
9	Cruinneachai	Làthaireachd a bhith	Bliadhnail	Cruinneachai	Bòrd fiosrachaidh airson

	dhean	aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail gach bliadhna.		dhean	ceistean agus tachartasan eile, mar a tha air a mhineachadh gu h-àrd. 'S e am Mòd an tachartas Gàidhlig as motha agus bidh luchd-amhairc fìor mhòr an dà chuid le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig ann. Tha seo na dheagh chothrom gus coinneachadh ri buidheann mhòr de dhaoine aig a bheil nithean Gàidhlig a dh'fhaodadh beàrnan a lionadh ann an cruinneachaidhean an leabharlainn.
10	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Cuir barrachd stuthan Gàidhlig ann an cruth didseatach.	Leantainneach	Didseatach	Chaidh nithean a chaidh fhoillseachadh leis a' Chomunn Ghàidhealach, a' gabhail a-steach prògraman a' Mhòid a chur ann an cruth didseatach agus a chur anns a' Ghailearaidh Dhidseatach. Tha an obair seo leantainneach le dàrna ìre ga deasachadh an-dràsta, agus thathar an dùil gum bi seo a' gabhail a-steach ceòl agus stuth air a bheil còir-lethbhreac. Thèid an obair seo a dhèanamh le taic bhon Chomunn, a bhios ag obair le Cruinneachaidhean Coitcheann agus Ceòl gus fios a chur gu na daoine aig a bheil còir-lethbhreac.
11	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Cruthaich prìomh ghòireas airson Sòn Ionnsachaidh an Leabharlainn le tèama co-cheangailte ri dualchas/eachdraidh na Gàidhlig gu dà-chànanach.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Bidh ceòl Gàidhlig mar phàirt den t-Sòn Ionnsachaidh e a tha ga chruthachadh an-dràsta.
12	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Cruthaich Liosta-leabhraichean Nàiseanta na h-Alba (airson a dhol an àite BOSG - Bibliography of Scottish Gaelic).	Leantainneach	Cruinneachaidhean	Anns an Ògmhios 2017, dh'aontaich Sgioba Ceannais an Leabharlainn ri aithisg le lèirsinn ùr agus plana gnìomhachaidh airson Liosta-leabhraichean na h-Alba. Bidh seo a' gabhail a-steach a h-uile leabhar foillsichte, agus ann an cruthan eile, ann an Gàidhlig na h-Alba, ge b' e far an tèid am foillseachadh, a' gabhail a-steach foillseachaidhean dealain, agus bidh seo a' dol an àite BOSG. Bidh cothrom aig luchd-cleachdaidh liosta-leabhraichean seo a rùrachadh a' coimhead air na stuthan Gàidhlig a-mhàin agus gus an seata dàta a luchdadh a-nuas. Thèid BOSG a dhùnadh is thèid an dàta a chur a-nall dhan Liosta-leabhraichean Nàiseanta ùr. Tha an Leabharlann a' sireadh bheachdan bho luchd-ùidh aig an àm seo air cò a bu chòir a bhith air a' bhòrd stiùiridh.
13	Foghlam,	Lean oirnn le bhith a'	Leantainneach	Dàimhean	Bidh an Leabharlann a'

	Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	sireadh agus a' freagairt chothroman gus stuthan a thoirt air iasad airson taisbeanaidhean dhan phoball.	h	taobh a-muigh agus Riaghladh	cleachdadh taisbeanadh PowerPoint anns a' Ghàidhlig mu ulaidhean na Gàidhlig bho air feadh nan cruinneachaidhean aig tachartasan.
14	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Lean oirnn le bhith a' togail cheanglaichean le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba gus poileasaidh is cleachdadh èifeachdach a chruthachadh a thaobh na Gàidhlig.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	
15	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Lean oirnn le bhith a' togail cheanglaichean le Sabhal Mòr Ostaig.	Leantainneach	Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	
16	Foghlam, Ionnsachadh agus Ruigsinneachd	Lean oirnn le bhith a' togail cheanglaichean le sgoilearan Gàidhlig ann am foghlam àrd-ìre.	Leantainneach	Cruinneachaidhean	Obraichidh luchd-obrach nan làmh-sgrìobhainnean còmhla ri sgoilearan ann an diofar oilthighean gus na làmh-sgrìobhainnean aig an Leabharlann a dhèanamh nas ruigsinnich. Bheir luchd-glèidhidh an Leabharlainn seisean tòiseachaidh do dh'oileanaich iar-cheumnach agus cumaidh iad seimnearan a bhios a' toirt cothrom do luchd-obrach is oileanaich nan oilthighean a bhith a' coimhead air làmh-sgrìobhainnean còmhla.
17	Corporra / Obrachaidhean	Lean oirnn a bhith a' comharrachadh dàimhean le luchd-ùidh na Gàidhlig, mar eisimpleir le gnìomhachas foillseachaidh na Gàidhlig, ann an dòigh a tha air a phlanadh is air a stiùireadh.	Leantainneach	Sgioba Ceannais an Leabharlainn	Leanaidh sinn oirnn le bhith a' togail cheanglaichean le foillsichearan Gàidhlig agus le Comhairle nan Leabhraichean gus dèanamh cinnteach gum bi an cruinneachadh coileanta. Tha dàimh leantainneach aig an Leabharlann a-nis le DASG (Digital Archive of Scottish Gaelic).
18	Corporra / Obrachaidhean	Lean oirnn le bhith a' tabhann trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach an Leabharlainn	Leantainneach	HR	Leanaidh sinn oirnn le taic do chlasaichean còmhraidh do luchd-obrach.
19	Corporra / Obrachaidhean	Cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt iomradh air a' Phlana Ghàidhlig againn ann an sgrìobhainnean cumhnaint stannardach agus ann an solarachadh stuthan is seirbheisean.	Leantainneach	Solar	Chaidh seo a leabachadh anns na teamplaidean mun ro-innleachd solair againn airson gach obair solair a tha air a riaghladh.
20	Corporra / Obrachaidhean	Leanaidh sinn oirnn le bhith a' sireadh	Leantainneach	Dàimhean taobh a-	

	n	maoineachadh pròiseict gus taic a thoirt do chothroman gus an obair againn a leasachadh ann a bhith a' cruinneachadh, a' glèidheadh agus a bhith a' toirt cothrom air cruinneachaidhean Gàidhlig.		muigh agus Riaghladh	
21	Corporra Obraichean	Cruthaich cothroman gus cruinneachaidhean Gàidhlig is stuthan eadar-mhineachaidh a thaisbeanadh anns na h-àiteachan poblach againn.	Leantainneach	Ruigsinneachd, Dàimhean taobh a-muigh agus Riaghladh	Tha an t-ionad Luchd-tadhail ann an Drochaid Sheòrais ann an Dùn Èideann agus an t-ionad againn ann an Talla a' Cheilbhinn mar uinneagan bùtha dhuinn.

5 BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

5.1 Clàr-ama

Chaidh na Gealltanasan Àrd-ìre air fad aontachadh le Sgioba Ceannais an Leabharlainn air 28 Màrt 2017.

Chaidh am Plana aontachadh le Buidheann Stiùiridh an Leabharlainn air 21 Samhain 2017, chaidh a thoirt gu coinneamh aig Sgioba Ceannais an Leabharlainn air 28 Samhain 2017.

Dh'fhoillsich sinn am Plana againn airson co-chomhairle phoblach airson sia seachdainean bho 19 Faoilleach gu 16 Màrt 2018 agus thug sinn feart air na beachdan a fhuair sinn air ais.

Chaidh am Plan aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 20 Gearran 2019. Mairidh am Plana bhon Ghearran 2019 gus am Faoilleach 2024.

5.2 Sanasachd airson a' Phlana

Thèid an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn.

Cuiridh sinn fios naidheachd Gàidhlig a-mach do na meadhanan Gàidhlig nuair a thèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Cuiridh sinn am Plana air eadra-lìon an luchd-obrach gus am bi fiosrachadh mun Phlana agus mu ghoireasan Gàidhlig rim faighinn do luchd-obrach.

5.3 Buileachadh

Tha uallach aig an Leabharlannaiche Nàiseanta aig a cheann thall gus dèanamh cinnteach gun libhrig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba am Plana seo. Ach, gus am Plana a chur an gnìomh gu soirbheachail, bidh feum air oidhirp fhor-ghnìomhach bho air feadh na buidhne.

Thèid Sgioba Gnìomhachaidh a stèidheachadh le buill a' riochdachadh nan roinnean aig a bheil prìomh phàirt ann a bhith a' deasachadh a' Phlana agus a tha an urra ri cur an gnìomh a' Phlana. Bidh Ceannard nan Dàimhean Taobh A-muigh agus Riaghladh, a tha na bhall de Sgioba Ceannais an Leabharlainn, anns a' chathair airson an Sgioba Gnìomhachaidh, agus bidh e/i cuideachd an urra ri bhith a' dèanamh Aithisgean Sgrùdaidh.

Bheir an Leabharlann feart air an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus leanaidh sinn ainmean-àite a thèid a mholadh le Ainmean-àite na h-Alba.

5.4 Sgrùdadh Cur an Gnìomh a' Phlana

Cuiridh an Leabharlann Aithisgean Sgrùdaidh gu Bòrd na Gàidhlig san

Fhaoilleach bho 2019 a-mach, a' freagairt ceist sam bith a th' ann a thèid a thogail a' leantainn air an aithisg.

5.5 Fios conaltraidh

Ma tha ceist no beachd sam bith agad mun Phlana Ghàidhlig seo, cuir fios gu:

Helen Lessels
Co-òrdanaiche Dhàimhean taobh a-muigh is Riaghlaidh
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
Drochaid Seòras IV
Dùn Èideann
EH1 1EW

h.lessels@nls.uk
0131 623 3740

'S e an t-àrd-oifigear aig a bheil uallach obrachail airson a' phlana seo:

Leas-stiùiriche nan Dàimhean Taobh A-muigh
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
Drochaid Seòras IV
Dùn Èideann
EH1 1EW

0131 623 3760

www.nls.uk

Ma tha thu feumach air an sgrìobhainn seo ann an cruth eile, cuir fios thugainn air 0131 623 3740 gus bruidhinn air na feumalachdan agad.


Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba na Charthannas Albannach clàraichte.
Àireamh carthannais Albannach. SC011086

Foghlam tron Ghàidhlig 2015-16 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream

- Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with high school with GME

- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Le dàta bhon NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2016.
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2016.
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2016.
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2016.


Deanta le Bòrd na Gàidhlig 2016 a' cleachdadh QGIS 2.
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2016 using QGIS 2.

Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bhon NRS © Còir copalaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdanais © Còir copalaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015,
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

Dàta mu luchd-labhairt is foghlam Gàidhlig

Cunntas-sluaigh 2011

Alba

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	87,056	1.7% de shluagh na h-Alba
daoine le comas Gàidhlig a	57,602	66.2% de shluagh na h-Alba
		67.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
luchd-labhairt le comas	38,636	67.1% den fheadhainn a tha comasach
Luchd-labhairt na	32,418	56.3% den fheadhainn a tha comasach

Tùs: Clàr NRS AT_234_2011

A' cleachdadh na Gàidhlig san	24,974	0.5% de shluagh na h-Alba
		43.4% den fheadhainn a tha comasach

Tùs: Clàr NRS KS206SC

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)		
Aois 3-15	9,686	11.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 16-24	9,653	11.1% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 25-34	10,875	12.5% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 35-49	19,155	22.0% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 50-64	18,999	21.8% den fheadhainn aig a bheil sgil
Aois 65+	18,688	21.5% den fheadhainn aig a bheil sgil

Tùs: Clàr NRS LC21205CdZ

Cunntas-sluaigh 2001

Alba

Le sgil Gàidhlig sam bith (aois 3+)	92,396	Atharrachadh -5.8% gu 2011
daoine le comas Gàidhlig a	58,652	Atharrachadh -1.8% gu 2011
luchd-labhairt le comas	39,471	Atharrachadh -1.9% gu 2011
Luchd-labhairt na	31,537	Atharrachadh +2.8% gu 2011

Tùs: Clàr NRS AT_001_2001

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Alba

Foghlam tro Mheadhan na Faoilleach 2016	65	ionadan
Sgoil-àraich 2015-16	54	sgoiltean-àraich
	1,003	clann (ris a bheilear an dùil)
	147	luchd-obrach
	81.7	FTE
Bun-sgoil 2015-16	57	bun-sgoiltean
	2,920	sgoilearan
	192	luchd-teagaisg
	168	FTE
Àrd-sgoil 2015-16	30	àrd-sgoiltean
	1,193	sgoilearan
	21	cuspairean
	89	luchd-teagaisg

Tùs: Bòrd na Gàidhlig

Foghlam Luchd-ionnsachaidh

Bun-sgoil (Clasaichean GLPS) 2015-16	13	sgìrean comhairle
	127	bun-sgoiltean
	7,029	sgoilearan
	162	luchd-obrach na sgoile a' teagasg
	6	comhairlean le tidsear-siubhail
Bun-sgoiltean (dòigh-teagaisg eile) 2015-16	6	sgìrean comhairle
	21	bun-sgoiltean
	1,004	sgoilearan
Àrd-sgoil 2015-16	6	sgìrean comhairle
	27	àrd-sgoiltean
	2,838	sgoilearan
	51	tidsear

Tùs: Bòrd na Gàidhlig

dàta air cruinneachadh is air a chur sa chruth seo le Bòrd na Gàidhlig

Tha farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig air feadh na h-Alba: gheibhear fiosrachadh aig www.learnghaelic.scot